

An t-eilean mu thuath

Rann 1

An t-eilean mu thuath, an iomall a' chuain, *The Isle to the north on the edge of the ocean.*
An t-eilean san d' fhuair mi m' àrach *The Isle where I had my upbringing*
Far an d' fhuair mi 's mi òg *Where I had in my youth*
Bainne fìor-ghlan ri òl *purist of milk to drink*
'S bha m' anam tigh'nn beò 's a' fàs leis. *And my soul came alive and grew with it.*

Rann 2

An t-eilean a tuath, an t-eilean tha fuar *The isle of the north, the isle that is cold*
'S e Leòdhas bho thuath mo ghràidh e *'tis Lewis from the north that is my beloved*
Far nach cluinn mi rim bheò bhith sealg no bhith 'g òl *Where I won't hear as long as I live hunting
or drinking*
No làmhadh no òrd air an t-Sàbaid *Nor chopping nor hammer on the Sabbath*

Rann 3

Nach mis' tha gu truagh, gu tùrsach 's fo ghruaim *How poorly I am, how sad and gloomy*
Bho chuir mi ri tuath mo chùlaibh *Since I turned my back on the north.*
Nuair choisich i dian chuir i cùrs oirr' an iar *When she started out she set a course for the west*
'S thug dorchadas dhìomsa Mùirneag *and darkness swallowed up for me Muirneag*

Rann 4

Chan eil math dhomh no stàth bhith tuiream sa chàs *It is no good or use to me to lament my state*
Chan aithreachas tràth a th' ann domh *my situation will not change any time soon*
Chan urrainn mi snàmh gu cuideachd mo ghràidh *I cannot swim to my beloved folk*
No coiseachd air tràigh a Leòdhas *Nor walk on the shore to Lewis*

An t-eilean mu thuath

Vocabulary:

Verse 1:

Eilean – isle	thuath - north	ìomall – edge	chuain – ocean
Fhuair – got	arach - upbringing	òg – young	bainne – milk
Fìor-ghlan – most pure	òl – drink	anam – soul	tighinn beo - coming alive

Verse 2:

A tuath - from the north	fuair – cold	Leòdhas - Lewis	ghraidh – beloved
Nach cluinn – not hear	rim bheo – while I live	no – or	sealg – hunting
'g òl – drinking	an t-Sàbaid – the Sabbath	làmh – chopping	òrd - hammer

Verse 3:

Truagh – poorly	tùrsach – sad	fo - under	ghruaim – gloom
Bho – since	chuir mo chùlaibh - turned my back		
Choisich ... dian – started out	chuir....cùrs – set a course		
An iar – the west	dorchadas – darkness	dhìomsa – from me	
Mùirneag – name of a local hill			

Verse 4:

Chan eil – there is not	math – good	stath - use	tuiream – to lament
Chàs – situation	chan aithreachas – will not change	tràth – soon	
A th' ann domh – my condition /fate	Chan urrainn mi – I cannot	snàmh – swim	
Cuideachd – the folk	mo ghràidh – my beloved	coiseachd – to walk	
Air tràigh – on the shore	a Leòdhas – to Lewis		